

Cuspair Clàir- ghnothaich	4
Àir. Aithisge	G/4/20

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 5 Samhain 2020

Tìotal Aithisge: Adhartas Mu Choinneamh Plana na Gàidhlig 3

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach Coileanaidh agus Riaghlachais

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 'S e adhbhar na h-aithisge fios a thoirt do Bhuill:

- a) mun dòigh sa bheil Comhairle na Gàidhealtachd an-dràsta a' toirt aithrisean do Bhòrd na Gàidhlig (BnaG) mu a cuid adhartais ann a bhith a' buileachadh nan targaidean a tha air am mìneachadh ann am Plana na Gàidhlig 3 agus na h-ath cheumannan airson Plana na Gàidhlig 4.
- b) mun dòigh sa bheil sinn an dùil an aithris a neartachadh gus buaidh a leasachadh is toraidhean a thomhas agus adhartas ann a bhith a' buileachadh Plana na Gàidhlig 3 a thaisbeanadh.
- c) Mu na sruthan maoinachaidh chun am bi Sgioba na Gàidhlig a' cur iarrtasan airson taic ionmhasail do phròiseactan a chuireas taic ri targaidean Plana na Gàidhlig 3.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill na leanas a dheasbad agus aontachadh:

- i. Gu bheil Plana na Gàidhlig 3 air a sgrùdadh air stèidh ràitheil, a' cleachdadh an t-Siostaim Stiùiridh Coileanaidh & Cunnairt (PRMS) – siostam stiùiridh coileanadh corporra na Comhairle – gus sùil a chumail air adhartas ann a bhith a' libhrigeadh Plana na Gàidhlig 3.
- ii. Thèid aithisg adhartais mu Phlana na Gàidhlig 3 a chur a-steach gach ràith gu Comataidh na Gàidhlig.
- iii. Bidh Cathraiche Comataidh na Gàidhlig agus Àrd-sgioba-stiùiridh ag amas air coinneachadh ri Àrd-Oifigearan Gnìomhach Riaghaltas na h-Alba dà uair sa bhliadhna.

3. Seaghan

3.1 Goireas

Tha na dh'fhaodadh seo ciallachadh an-ceartuair a thaobh ghoireasan a' buntainn ris na prìomh bhuidseatan, a tha a' gabhail a-steach Maoin Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, Maoin Taic Covid (Bòrd na Gàidhlig), agus Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig).

3.2 Laghail

Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd a Plana Gàidhlig a chur an gnìomh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)

A rèir phoileasaidhean Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh Co-ionannachd.

3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach

Tha Sgioba na Gàidhlig an-ceartuair a' frithealadh choinneamhan uile air-loidhne agus gu bhiortail, mar sin a' lùghdachadh siubhal airson gnothachas.

3.5 Cunnart – Mura tèid na gnìomhan air adhart, tha cunnart ann nach tèid targaidean a tha air an suidheachadh ann am Plana na Gàidhlig 3 a bhuileachadh.

3.6 Gàidhlig – Fìor dheagh bhuaidh air a' Ghàidhlig, toraidhean nas fheàrr, agus modhan aithris is sgrùdaidh nas làidire.

4. Am Pròiseas Làithreach: Sgrùdadh Bliadhnail Plana na Gàidhlig 3 do BnaG

4.1 Bidh Sgioba na Gàidhlig a' lìonadh is a' cur a-steach Foirm Toraidh Bliadhnail Plana na Gàidhlig anns an Ògmhios gach bliadhna. Gus an urrainn do Chomataidh na Gàidhlig beachdachadh air an Toradh Bhliadhnail agus air an aithisg chòmhdach agus beachdan is molaidhean a chur riutha, agus na tha annta aontachadh, feumar an cur a-steach gu Comataidh na Gàidhlig sa Chèitean 2021.

5. Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF)

5.1 Bidh Sgioba na Gàidhlig a' cur a-steach iarrtasan maoinachaidh sa Ghiblean gach bliadhna gu Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) aig Bòrd na Gàidhlig agus bidh an Sgioba a' faighinn fios mu na tabhartasan san Ògmhios. Thathar a' tighinn gu co-dhùnadh mun mhaoinachadh a thathar ag iarraidh stèidhichte air prìomhachasan Plana na Gàidhlig 3, m.e. Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd (Ionnsachadh Inbheach), A' Ghàidhlig ann am Foghlam (taic airson sgoiltean), A' Ghàidhlig sna h-Ealain, ann an Cultar is Dualchas (sgrìobhadh cruthachail, Acadamaidh a' Mhòid), A' Ghàidhlig san Àite-obrach (Aire mun Ghàidhlig). Bidh Sgioba na Gàidhlig a' cur a-steach aithisgean eadar-amail agus deireannach mu na pròiseactan sònraichte dhan deach maoinachadh aontachadh. Tha toraidhean nam pròiseactan ceangailte ri targaidean Plana na Gàidhlig 3.

5.2 Maoinachadh bhon Taobh A-muigh 2020/21 – Maoin Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, GLAIF, Maoin Covid BnaG Covid

Pròiseact	Tobar	Iarrtas Tabhartais	Tairgse	Ceann-latha Iarrtais	Fiosrachadh Pròiseict
Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig	Riaghaltas na h-Alba	£988,113	£905,000	Dùbh-19	A' toirt taic do Sgioba na Gàidhlig, pròiseactan agus luchd-obrach FtG airson

					Tràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoil is Àrd-sgoil
GLAIF Gàidhlig airson Inbhich	Bòrd na Gàidhlig GLAIF	£42,437	£30,000	Gibl-20	Clasaichean Gàidhlig thar sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd
GLAIF Com-pàirteachas Ro-innleachdail Breith gu Tri	Bòrd na Gàidhlig GLAIF	£54,122	£45,000	Gibl-20	Fàs FtG a chumail a' dol le bhith a' toirt taic do na roinnean 0 gu 3 ann an co-bhann le CALA
GLAIF Prògram Taic BSGPR	Bòrd na Gàidhlig GLAIF	£9,675	£6,000	Gibl-20	Amas air taic is leasachadh a thaobh sgilean togail-cànain sgoilearan Bun-Sgoil Gàidhlig Phort Rìgh.
GLAIF Ball-coise Gàidhlig	Bòrd na Gàidhlig GLAIF	£3,055	£3,000	Gibl-20	Bùith-tean-obrach/bhidiothan coidsidh ball-coise Gàidhlig
GLAIF Èideadh na Sgeòil	Bòrd na Gàidhlig GLAIF	£6,601	£5,000	Gibl-20	Pròiseact Sgrìobhadh Cruthachail Sgoiltean
Ath-shlànachadh Cànan na Gàidhlig	Bòrd na Gàidhlig - Maoin Covid	£12,000	£4,500	Ògmh-20	Taic a bharrachd airson sgilean togail-cànain sgoilearan FtG
IOMLAIN		£1,116,003	£998,500		

6. Maoin Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig – Riaghaltas na h-Alba

- 6.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' faighinn cuireadh, mar as trice san Dàmhair gach bliadhna, gus iarrtas a chur a-steach airson maoin eachadh Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig. Feumar an t-iarrtas a chur a-steach gu Riaghaltas na h-Alba tràth san Dùbhlachd. Tha am maoin eachadh fìor chudromach seach gu bheil e a' cur taic ri Sgioba na Gàidhlig agus na pròiseactan sònraichte aca ('s e am formula maoin eachadh 75% Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, maoin eachadh 25% Comhairle na Gàidhealtachd); sgioba-obrach Foghlam tron Ghàidhlig ann an Tràth-bhliadhnaichean is Cùram-chloinne, Foghlam Bun-sgoil is Àrd-sgoile (ann an 2019/20 12.5% le maoin Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, 87.5% le maoin eachadh Chomhairle na Gàidhealtachd).
- 6.2 Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn lùghdachadh beag air bheag, thairis air na trì bliadhna a chaidh seachad, ann am maoin eachadh bho Riaghaltas na h-Alba. Bho àm gu àm faodaidh tabhartasan beaga is sgeamaichean a bhith rim faotainn, m.e. Maoin Ath-shlànachaidh Cànan Covid-19 BnaG.

Bliadhna	Iarrtas Tabhartais	Tairgse	A Dhith
2018/19	£944,000	£939,000	£5,000
2019/20	£944,000	£905,000	£39,000
2020/21	£988,113	£905,000	£83,113

- 6.3 Thathar a' moladh gun coinnich Cathraiche Comataidh na Gàidhlig agus Àrd-sgioba-stiùiridh ri Àrd-Oifigearan Riaghaltas na h-Alba gus bruidhinn mu mhaoineachadh

Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig airson an ùghdarras san àm ri teachd, agus gun cumar coinneamh dà uair sa bhliadhna às dèidh sin.

7. **Maoineachadh Reachdail Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd**

7.1	Taic Reachdail Plana na Gàidhlig	£182,650	Taic tabhartais do bhuidhnean air an taobh a-muigh
	Foghlam Gàidhlig Inbheach (FGI)	£10,457	Pròiseactan taic FGI

Maoineachadh is cosgais luchd-obrach – Oifigear Leasachaidh Gàidhlig

'S iad na buidhnean air an taobh a-muigh a tha a' faighinn taic:

An Comunn Gàidhealach:

A' toirt taic do bhith a' cur air dòigh is a' ruith a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail nuair a tha e stèidhichte anns a' Ghàidhealtachd.

Blas:

A' toirt taic do bhith a' cur air dòigh is a' ruith Fèis Blas a bhios a' gabhail àite gach bliadhna ann an diofar àiteachan air feadh na Gàidhealtachd. Tha an fhèis air a ruith le Fèisean nan Gàidheal ann an co-bhann le Comhairle na Gàidhealtachd (Sgioba na Gàidhlig).

Fèisean nan Gàidheal:

Bun-mhaoineachadh gus taic a chur ris na Fèisean agus ruith na buidhne.

Fèis Rois:

Bun-mhaoineachadh gus taic a chur ri Fèis Rois agus ruith na buidhne.

Ainmean Àite na h-Alba:

Rannsachadh ainmean-àite a thoirt seachad do Sgioba na Gàidhlig, gu h-àraid airson ainmean sràide, rathaid is àite taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean – Sgeama Bursaraidh Gàidhlig SMO:

Maoin air a thoirt seachad do SMO airson sianar oileanach a' dèanamh chùrsaichean Gàidhlig aig SMO.

FilmG:

Sponsaireachd airson Film as Fheàrr le Inbhich. Bidh an tachartas a' gabhail àite air-loidhne.

Comunn na Gàidhlig – Cuach na Cloinne:

Taic airson a bhith a' cur air dòigh farpais ball-coise nàiseanta airson Foghlam tron Ghàidhlig ann am bun-sgoiltean.

8. **Slighe Air Adhart**

- 8.1 Ged a thathar mar-thà a' cur aithisg bhliadhnail mu Phlana na Gàidhlig 3 gu Bòrd na Gàidhlig agus aithisgean sgrùdaidh gu Riaghaltas na h-Alba, thathar a' moladh gum bu chòir pròiseas in-sgrùdaidh is coileanaidh a bhith aig Sgioba na Gàidhlig airson Plana na Gàidhlig 3. Thathar a' moladh aithisg ràitheil a chur gu Comataidh na Gàidhlig gus adhartas a leantainn agus draghan sam bith a thogail. Cuideachd, bhiodh an aithisg a' comharrachadh shoirbheachasan agus a' toirt fios às ùr do Bhuill Thaghte mun adhartas leantainneach a thathar a' dèanamh ann a bhith a' buileachadh Plana na Gàidhlig 3.

9. **Prògram airson na Comhairle agus Plana Corporra na Comhairle**

- 9.1 Tha Prògram Chomhairle na Gàidhealtachd agus am Plana Corporra a' gabhail a-steach prìomhachas airson na Gàidhlig.

Air duilleag 11 de Phrògram na Comhairle: *“recognise the substantial social, cultural and economic benefits of Gaelic language and culture in the Highlands and continue to promote and support it through the third generation Gaelic Language Plan.”*

http://www.highland.gov.uk/download/downloads/id/4611/programme_of_the_highland_council.pdf

9.2 Air duilleag 13 de Phlana Chorporra na Comhairle thathar a’ mìneachadh mar a choileanas a’ Chomhairle am Prògram:

https://www.highland.gov.uk/downloads/file/4620/corporate_plan

“recognise the substantial social, cultural and economic benefits of Gaelic language and culture in the Highlands and continue to promote and support it through the third generation Gaelic Language Plan.”

10 Sgrùdadh Corporra

10.1 Tha a’ Chomhairle a’ cleachdadh PRMS mar shiostam sgrùdaidh corporra agus tha Sgioba na Gàidhlig roimhe air siostam PRMS a chleachdadh mar inneal airson Plana na Gàidhlig 3 a sgrùdadh. Chaidh aithisgean sgrùdaidh bhon t-siostam a chleachdadh gus fios a chur ri aithris aig an ìre as àirde a thaobh Plana na Gàidhlig mar ghealltanais corporra ann an Aithisg Choileanaidh Bhliadhnail na Comhairle (a’ còmhach Prògram na Comhairle agus Plana Corporra na Comhairle) gu Foghar gach bliadhna.

10.2 Thathar mar sin a’ moladh gun tèid prìomh chomharran/thargaidean coileanaidh a ghabhail a-steach dhan t-siostam PRMS agus gun tèid aithisgean siostaim a chleachdadh gus aithris chunbhalach a thoirt seachad gach ràith do Chomataidh na Gàidhlig. Cuiridh sgrùdadh PRMS (mar a thathar a’ mìneachadh gu h-àrd) taic ri bhith ag aithris aig ìre àrd mu adhartas iomlan ann a bhith a’ libhrigeadh Plana na Gàidhlig 3 taobh a-staigh Aithisg Choileanaidh Bhliadhnail na Comhairle agus leis a’ ghealltanais do Phlana na Gàidhlig 3 a’ suidhe an dà chuid ann am Prògram na Comhairle agus Plana Corporra na Comhairle.

11. Targaidean Plana na Gàidhlig 3

11.1 Tha na targaidean air an suidheachadh ann am Plana na Gàidhlig 3 agus taobh a-staigh Phlanaichean-obrach Sgioba na Gàidhlig. Thathar a’ moladh gum bu chòir sgèile phrìomhachasan a chur air dòigh airson Sgioba na Gàidhlig agus gum bi seo co-cheangailte ris na goireasan a tha rim faotainn. Cuidichidh seo Sgioba na Gàidhlig gus sùil a chumail air na tha iad a’ dèanamh mu choinneamh nan goireasan.

12. Ath-sgrùdadh air Plana na Gàidhlig 3 agus na h-Ath Cheumannan airson Plana na Gàidhlig 4

12.1 Chaidh Plana na Gàidhlig 3 aontachadh le BnaG air 6 Ògmhios 2017, agus mar sin bidh BnaG an dùil Plana na Gàidhlig 4 aontachadh san Ògmhios 2023. Tha e àbhaisteach do BnaG cuireadh a thoirt do Chomhairle na Gàidhealtachd tòiseachadh air dreachd dhen ath Phlana Cànain 18 mìosan mus tèid aontachadh le BnaG. Thathar an dùil gum faigh an t-Àrd-Oifigear brath bho BnaG san Dùbhlachd 2021 gus am pròiseas a thòiseachadh a thaobh a bhith a’ dèanamh dreachd de Phlana na Gàidhlig 4. Bu chòir dhan phròiseas ath-sgrùdaidh airson Plana na Gàidhlig 3 tòiseachadh san t-Samhain 2021. Tòisichidh Sgioba na Gàidhlig air dreachd de Phlana na Gàidhlig 4 san Fhaoilleach 2023, airson deasbad is aonta le Comataidh na Gàidhlig sa Chèitean 2023, agus aonta le làn Chomhairle na Gàidhealtachd san Ògmhios 2023.

- 12.2 Thathar an dùil grunn bhùithtean-obrach a chumail do Bhuill Chomataidh na Gàidhlig agus prìomh chom-pàirtichean bhon taobh a-muigh gus fios a chur ri susbaint Plana na Gàidhlig 4. Bidh am Plana Nàiseanta làithreach cuideachd a' tighinn gu crìch ann an 2023. Bidh e cudromach aire a ghabhail dhan a seo seach gum faodadh prìomhachasan sònraichte atharrachadh agus dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air a bhith a' dèanamh dreachd de Phlana na Gàidhlig 4.
- 12.3 Bidh e mar phàirt riatanach dhen phròiseas leasachaidh gum bi com-pàirteachas coimhearsnachd èifeachdach ann gus fios a chur ri susbaint a' Phlana, gu h-àraid ann an coimhearsnachdan far a bheilear an-dràsta a' libhrigeadh FtG agus Foghlam Gàidhlig. Bidh feum aig Plana na Gàidhlig 4 air taic is com-pàirteachas tar-seirbheis agus cuidichidh ro-innleachd com-pàirteachais Gàidhlig na Comhairle seo.

Ainmeachadh: Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 29/10/2020

Ùghdaran: Mòrag Anna NicLeòid Mitchell, Mairead NicConaill agus Jo NicDhòmhnaill

Pàipearan Cùl-raoin: Plana na Gàidhlig 3